

H.M. 80.

Church Women's Journal



not in 2/3

Aonadh nan Eaglaisean.



BRIGH ORAID

A CHAIDH A LABHAIRT AIG ARD-SHEANADH
EAGLAIS SHAOR NA H-ALBA,

AIR AN

25 LA DE MHIOS MAIGH, 1899,

LE

Mr Eùndrea Jameson,

Priomh-Shiorra Siorramachd Pheirt, agus aon de
Chomhairlich Ard-Chuirt-Lagha na h-Alba.

*after sunset.
near Dingwall.*



Gheabhar an Leabhran so o na

Printers :

The Pefferside Press, Ltd., Dingwall.
1899.

ROIMH-RADH.

Is e an Siorra Jameson aon de na comhairlich is airde cliu agus is comasaiche a tha a' frithealadh air Ard-Chuirt-Lagha na h-Alba. Tha e a nis re uine fhada a' suidhe ann an Ard-Sheanadh na h-Eaglais Shaoir mar Eildeir as leth Presbytery Leodhais, agus bha e mar bu trice a' comh-oibreachadh anns an am a chaidh seachad leis a' bhuidhinn a bha a' cur an aghaidh an Aonaidh eadar an Eaglais Shaor agus an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte. Air a' bhliadhna so, ge ta, bha e de 'n bharaill nach bu choir a bhith na b' fhaide a' cur an aghaidh inntinn choitcheann na h-Eaglais, agus chuir e an ceill na h-aobharan air son an robh e a nis a 'dol a thoirt a ghuth am fabhar an Aonaidh. Tha moran chairdean a chuala na briathran, no a leugh iad anns na paipearean-naidheachd anns a' Bheurla, toileach gum biodh iad air an deanamh aithnichte do mhuinntir eile mar an ceudna. Tha brigh na h-oraid, uime sin, air a clo-bhualadh mar a leanas, a reir an iarrtais so, a chum 's gum bi cothrom aig na cairdean anns a' Ghaidhealtachd air a leughadh na'n cainnt fhein.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

AONADH NAN EAGLAISEAN.

AN UAIR a dh' eirich an Siorra Jameson chaidh gabhail ris le gean anabarrach. Tha mi (ars' esan) ag eirigh a dh' innseadh nan aobharan air son a bheil mi a' cur romham mo ghuth a thoirt am fabhor Aonadh nan Eaglaisean. Aig an am anns an deachaidh toiseachadh air a' chuis so a chnuasachadh as ur bha mi de 'n bharail nach robh aobhar ann air son a bhith ga h-ath-fhosgladh aig an am sin, agus chan 'eil mi a' dol a radh a nis gu bheil mi de chaochla bheachd; ach tha atharrachadh air tighinn ann an suidheachadh na cuise uaith sin. Chuir an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte, mar le aon ghuth, tairgseachan g' ar n-ionnsaidh air son aonaidh; agus ann an tomhas araidh thugadh gnuis do na tairgseachan sin leis an airimh gu ro mhor a bu mho anns an Eaglais Shaoir, agus re na da bhliadhna a chaidh seachad tha buidheann thaghte a' saothreachadh gu bhith a' suidheachadh bunait air am faodadh an da Eaglais dol comhla. Tha sinn, uime sin, aghaidh ri aghaidh ris a' cheist so, Ann an Eaglais a tha a reir a comh-shuidheachaidh air a riaghladh le guth na mor-earrainn d' a cuid sluaigh, a bheil e mar fhiachaibh no a' laighe mar dhleasnas air airimh bhig buanachadh ann a bhith a' strith an aghaidh ni a tha cho soilleir air iarraidh leis an airimh is mo anns an Eaglais? Is e ar dleasnas seasamh ris a' chuid sin d' ar comh-shuidheachadh mar Eaglais Phresbyterianaich troimh 'bheil gne araidh de cheistean ri bhith air an socrachadh a reir guth na h-airimh is mo de Chuirtean na h-Eaglais. Gun teagamh sam bith na 'm bu' cheist i a' bhuineadh do dhleasnas no do phriomh-theagasgan bhiodh e mar fhiachaibh oirnn seasamh a mach an aghaidh na mor-earrainn agus gun ghnuis sam bith a thoirt do 'n chordadh. Ach a bheil aon chuid dleasnas no priomh-theagasg air fhilleadh a stigh anns a' chuis? Chaidh

an Siorra air aghaidh an sin gu bhith ag innseadh mar chaidh e gu curamach agus gu mion thairis air na Ceistean agus air a' Chlar-Bhoidean (Questions and Formula) a chaidh a roghnachadh le suil ris an aonadh, agus mar a choimeas agus a chothromaich e iad ri prìomh-bhunaitean-aidmheil na h-Eaglais Shaoir, agus cha b' urrainn da fhaicinn gun deachaidh caochla a b' fhiach ainmeachadh a dheanamh. Thug an t-Urr. Mr Murchadh Mac-Coinnich, Inbhirnis, iomradh air ordugh nam facal ann an aon earrainn, ach thug Dr Rainy mineachadh cheana air an aobhar a bha air a shon sin. Ach is e an comhdhunadh gus an d' thainig an Siorra, mar thuirt e fhein, na 'n leughar gu dìreach, ceart, iad, mar leughadh neach sgrìobhadh sam bith eile nach robh eadar-dhealachadh sam bith eatorra. Chaidh e an sin air aghaidh gu bhith a' buntainn ris a' cheist a bha cuid a' faireachdainn mu thimchioll an robh eadar-dhealachadh beachd—b' e sin laghalachd Eaglaisean Steidhichte. Ach, mar chaidh a chur fa 'n comhair le aon urradh ard, an aite a' cheist so a bhith na h-aon de phrìomh-theagasgan na h-Eaglais cha robh innte ach modh anns am faodar am prìomh-theagasg sin a chur an gnìomh; agus bha e a' ghabhail air fhein a radh nach deachaidh aidmheil a thaobh na doigh anns am biodh an teagasg sin air a chomh-chur, air aon taobh no taobh eile, iarraidh riamh o 'n luchd-dreuchd no o 'n t-sluagh ann an aon sam bith de na h-Eaglaisean Albannach. A bharr air sin bha i a nis air tighinn gu bhith na ceist a bhuineadh do dheasboireachd nam feallsanach agus cha b' ann do dhleasnas Rìoghachdan no Eaglaisean. Bha aon ghnothach eile ann, air an d' thugadh iomradh—b' e sin foghlum nan sgoilean. Bha e an toiseach fo bheagan amharuis mu 'n doigh anns an rachadh buntainn ris anns an Eaglais Aonaichte, agus mu 'n bheachd theagamh a dheanadh an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte a ghabhail m' a thimchioll, ach an uair a bheachdaich e air an doigh anns an do bhuin muinntir na h-Eaglais Phresbyterianaich Aonaichte ri teagasg a' Bhiobuil anns na sgoilean

thuige so; an obair mhath a rinn iad ri linn Achd nan Sgoilean anns a' bhliadhna 1872; agus mar tha iad a' deanamh a thaobh nan ard-sgoilean air son a bhith ag uigheamachadh mhaighstirean-sgoile, b' e a bharrail nach ruigeadh an Eaglais Shaor a leas eagal a bhith oirre nach biodh ceist an fhoghlaim air a laimhseachadh leo anns an Eaglais an deidh an Aonaidh air mhodh cothromach, reusonta, agus Criosdaidh. An aite an da Eaglais a bhith a' seasamh an aghaidh a cheile mu na ceistean sin bhitheadh iad air am fagail saor fosgailte anns an da Eaglais mar a tha iad a nis. Tha sinn a faicinn mar so, ars' esan, gu bheil an da Eaglais air an aon ruith a thaobh bonn-coimhcheangail, agus is e mo bharrail-sa, ma tha sin mar sin, nach 'eil sinn a' striochdadh prìomh-theagaisg sam bith, nach 'eil sinn a' cur cul eadhon ri fianuis sam bith an uair a theid ar nasgadh ris an Eaglais Phresbyterianaich Aonaichte. Chan 'eil aon sam bith d' ar saorsaidhnean air an giorrachadh; bidh mise agus a mhead 's a tha de 'n aon bheachd rium a cheart cho saor gu bhith a' togail fianuis as leth laghalachd Eaglaisean Steidhichte ann an Ard-Sheanadh na h-Eaglais an deidh an Aonaidh 's a tha sinn anns an Ard-Sheanadh so; agus, uime sin, tha mise a' meas nach am so anns am bu choir dhuinn a bhith ri conspoid no a' buanachadh ann a bith a' strith an aghaidh ni a tha air a shocrachadh mar so leis an airimh mhoir anns an Eaglais d' am buin sinn. Tha sinn a' cluinntinn moran bruidhne mu mhaoin agus mu thogalaichean na h-Eaglais. Chan 'eil mise a' dol a thairgseadh comhairle fir-lagha a nasgaidh; ach bheirinn dìreach aon fhacal rabhaidh, agus is e so e—tha mise ga mheas na ni anabarrach mi-choltach gun tugadh Cuirt Lagha breith gum biodh Eaglais a' call a coraichean air ni sam bith a bhuineadh dhi, a chionn gun do rinn i aonadh ri Eaglais eile aig an robh an aon aidmheil-creidimh, na h-aon bhuinn-coimhcheangail, agus nach robh a' deanamh dealachaidh shonraichte uaipe ann an cuis sam bith ach mu thimchioll puinc a tha cheana na ceist



fhosgailte anns an da Eaglais—puinc, ged tha i air a nochdadh air mhodh eadar-dhealaichte ann an sgrìobhainnean-eachdraidh nan Eaglaisean fa-leth, nach 'eil air a h-iarraidh mar aidmheil aon chuid air luchd-comanachaidh no air luchd-dreuchd ann an aon de na h-Eaglaisean. Chan 'eil mise a' toirt comhairle—chan 'eil mi ach a' tairgseadh facal rabhaidh. A thaobh maoin na h-Eaglais tha mi dearbh chinnteach gu bheil a' chuis sin a' cur a cheart cho beag smuaircean air na cairdean a labhair bho 'n taobh so—taobh na laimh chli—d' an Ard-Sheanadh 's a tha i a' cur air an taobh eile. Tha cuisean gu mor is cudromaiche na sin air am filleadh a stigh. Tha buannachdan an t-sluaigh ri 'n toirt fa-near; agus chan urrainn domh anns an aite so gun iomradh a thoirt air a' chomh-stri a dh' eirich anns an Eaglais an coimhcheangal ris an Achd-Mhineachaidh (Declaratory Act). Tha fhios agam gu bheil aithreachas air iomadh aon gun do lean iad cho dian agus cho diorrasach air cur an aghaidh an achd sin. Is e a bu deireadh dha sin gun robh sgarachdainn air a deanamh; agus chaidh innseadh dhomhsa leosan aig a bheil fios mu 'n ghnòthach, gu bheil buaidh agus eifeachd nam ministearan sin gu mor air an lagachadh am measg an sluaigh fhein, gu bheil cuid d' an treudan air dol air seachran, chan ann do dh' Eaglais nan "Seceders" no do 'n Eaglais Steidhichte, ach nach 'eil iad a dol do dh' eaglais idir. Thigeadh e dhuinn a thoirt gu durachdach fa-near de cho fada 's a bu choir do 'n bheachd so a bhith ga chumail fa chomhair sluaigh na Gaidhealtachd. Tha mi ga chur leis gach durachd is comasach dhomh ri m' bhraithrean agus ri m' chairdean caomha Gaidhealach, leis an do sheas mi gualainn ri gualainn ann an iomadh cath, agus a tha a' leantainn nan seana cheumannan le dilseachd a tha cliuiteach dhoibh fhein agus buannachdmhor do 'n Eaglais—ma 's e agus air a' cheann mu dheireadh nach 'eil e air a chiallachadh gum bi dealachadh ann, nach 'eil an t-am a nis air tighinn, cinnteach gu leoir, anns am bu choir do 'n chomh-stri mu' n

Aonadh tighinn gu crìch. A rithist, a thaobh na Gaidhealtachd, a bheil aobhar-eagail sam bith ann? Bidh muinntir saor gu bhith a' cur an ceill do 'n t-sluagh uiread 's a thogras iad mu dhleasnas nan rioghachdan agus an luchd-riaghlaidh do Chrìosd. Cha tachair riu anns a' Ghaidhealtachd dream a chuireas na 'n aghaidh mar dh' fhaodadh tachairt riu anns a' Ghalldachd, oir tha iad ag innseadh dhomhsa nach 'eil anns an Eaglais Phresbyterianaich Aonaichte ach aon mhinistear d' an urrainn Gaidhlig a shearmonachadh—Mr Mac-Mhartainn ann an Nig—agus is ann as an Eaglais Shaoir a fhuair iad e. Is e, uime sin, ar dleasnas innseadh d' ar cuid sluaigh anns a Ghaidhealtachd gu bheil iad cho saor gu bhith a' togail fianuis mu 'n phuinc sin 's a bha iad riamh. Tha mi ga chur ri m' chairdean gun seallamaid nach 'eil e mar fhiachaibh oirnn a reir comh-shuidheachadh na h-Eaglais, an deidh deagh chomh-rag a chur, co-shineadh ris a chomh-shuidheachadh sin anns a' ghnothach so, nach 'eil a' beantainn ri aon chuid bunaitean no prìomh-theagasgan. An deidh a h-uile rud a th' ann an e gnothach mor a thatar ag iarraidh oirnn a dheanamh? Chan 'eil sinn air ar gairm gu bhith a' gabhail Gheintileach agus chis-mhaor a stigh do 'n Eaglais. Tha e air iarraidh oirnn a bhith a' gabhail a stigh do 'n aon eaglais ruinn fhein sluaigh na h-Eaglais sin a dh' eirich air tus an coimhcheangal ri ainm mor agus fiachail nan Erskines agus Gillespie—an Eaglais sin air a bheil sinn eolach 'n ar la fhein mar eaglais dhaoine coltach ri Cairns agus Thomson. Cinnteach gu leoir chan abrar gur cas mor sin a dheanamh. Bidh sinn ann an gabhail a' cheuma a ta mis a nis a' moladh dhuibh a gluasad air ceumannan ion-mholta—air ceumannan aig a bheil mar chrìoch shonraichte a bhith a' coimhlionadh ard-theagasgan Creideamh Chrìosd agus an t-Soisgeil—an Creideamh sin trid a bheil daoine ri bhith air an aonadh ri cheile agus chan ann air an dealachadh, agus a tha ag radh riu, “Am measg bhur comh-strithean gu leir is aon sibh uile ann an Iosa Crìosd.”

